

COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR

ACHD NA MARA (ALBA) 2010

RIAGHAILTEAN OBRAICHEAN MARA (MEASADH BUaidH ÀRAINNEACHDAIL) (ALBA) 2017 (ATHARRAICHTE)

Tha fios ga thoirt leis an seo gu bheil Comhairle nan Eilean Siar (“CnES”) aig Rathad Shannabhaig, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais HS1 2BW, air tagradh a chur gu Ministearan na h-Alba airson ceadan mara fo earrann 20 de Achd na Mara Alba 2010 a thaobh togail is dreidseadh airson leasachaidhean air Ionad Aiseig Loch nam Madadh ann an Loch nam Madadh, Uibhist a Tuath (co-chomharran domhan-leud agus domhan-faid:

Raon Dreidsidh	
Domhan-leud	Domhan-faid
57° 35.822' N	007° 09.587' W
57° 35.807' N	007° 09.313' W
57° 35.802' N	007° 09.313' W
57° 35.801' N	007° 09.409' W
57° 35.795' N	007° 09.390' W
57° 35.788' N	007° 09.397' W
57° 35.770' N	007° 09.338' W
57° 35.790' N	007° 09.318' W
57° 35.794' N	007° 09.231' W
57° 35.783' N	007° 09.220' W
57° 35.763' N	007° 09.292' W
57° 35.746' N	007° 09.310' W
57° 35.758' N	007° 09.350' W
57° 35.763' N	007° 09.345' W
57° 35.775' N	007° 09.445' W
57° 35.791' N	007° 09.435' W

Raon Togail	
Domhan-leud	Domhan-faid
57° 35.790' N	007° 09.318' W
57° 35.794' N	007° 09.231' W
57° 35.783' N	007° 09.220' W
57° 35.763' N	007° 09.292' W
57° 35.746' N	007° 09.310' W
57° 35.772' N	007° 09.399' W
57° 35.742' N	007° 09.433' W
57° 35.765' N	007° 09.500' W
57° 35.798' N	007° 09.459' W
57° 35.763' N	007° 09.345' W

(WGS84)

Tha na h-obraichean molta le ùmhlachd do mheasadh buaidh àrainneachdail fo Riaghailtean Obraichean Mara (Measadh Buaidh Àrainneachdail) (Alba) 2017 (atharraichte) (“Riaghailtean an EIA”).

Bidh lethbhreacan de na tagraidhean, a' gabhail a-steach phlanaichean a' sealltainn an làraich, còmhla ri lethbhreac de dh'aithisg Measadh Buaidh Àrainneachdail (“aithisg EIA”) a tha a' deasbad obraichean molta CnES ann am mionaideachd le anailis air na buaidhean àrainneachdail, rim faotainn airson an sgrùdadh an-asgaidh aig: An Ionad Aiseig, Loch nam Madadh, Uibhist a Tuath, HS6 5AD rè nan uairean a leanas:

- Diluain, Diciadain, Dihaoine - 9:00m. - 5:00f.
- Dimàirt, Diardaoin - 6:30m. - 5:00f.
- Disathairne - 6:30m. - 4:45f.
- Didòmhnaich – 9.30m. - 12:00f. agus 3.00f. - 5.00f.

Faodar an Aithisg EIA fhaicinn air-loidhne cuideachd aig

<http://marine.gov.scot/ml/lochmaddy-ferry-terminal-development> agus

<http://www.cmassets.co.uk/project/skye-triangle-infrastructure-works/> Faodar lethbhreacan de dh'aithisg EIA fhaotainn bho Affric Earranta fòn: 01808 521498) aig cosgais de £100

airson lethbhreac pàipeir (a' gabhail a-steach postachd is pacaigeadh) agus an-asgaidh air CD bho Affric no bho Ionad Aiseig Loch nam Madadh. Tha lethbhreacan de gheàrr-iomradh neo-theicnigeach rim faotainn an-asgaidh.

Bu chòir riochdachaidhean sam bith a bhith dèante ann an sgrìobhadh gu an ùghdarras bhuntainneach air post-d gu: ms.marinelicensing@gov.scot no tron phost gu Riaghaltas na h-Alba, Sgioba Obraichean Cheadan Chùisean Mara na h-Alba, Obair-lann na Mara, 375 Rathad Bhiocòiria, Obar Dheathain, AB11 9DB, a' comharrachadh nan obraichean molta agus a' sònrachadh adhbharan airson gearan no taic, gun a bhith nas fhadalaich na 24^{mh} Ògmhios 2019. Dh'fhaodadh gum beachdaich Ministearan na h-Alba air riochdachaidhean a gheibhear às dèidh a' chinn-latha sin. Bu chòir ceann-latha a bhith sgrìobhte air an riochdachadh agus ainm soilleir (ann an litrichean mòra) leis an làn sheòladh puist-d no an seòladh puist acasan a tha a' dèanamh an riochdachaidh.

Thèid tagradh sam bith às dèidh sin bho CnES le fiosrachadh a bharrachd gu Ministearan na h-Alba fhoillseachadh san aon dòigh ris an tagradh làithreach, a' gabhail a-steach foillseachadh air na làraichean-lìn gu h-àrd. Bu chòir do riochdachaidhean co-cheangailte ri fiosrachadh a bharrachd a bhith dèante air an aon bhunait 's a tha air a mhion-fiosrachadh gu h-àrd.

An dèidh beachdachadh air tagradh airson cead mara fo earrann 20 de Achd na Mara (Alba) 2010 agus Riaghailtean EIA, dh'fhaodadh Ministearan na h-Alba:

- cead(an) mara a bhuileachadh le no às aonais chùmhnanntan co-cheangailte; no
- cead(an) a dhiùltadh

Fios Giullachd Chothromach

Bidh Sgioba Obraichean Cheadan Chùisean Mara na h-Alba aig Riaghaltas na h-Alba ("MS-LOT") a' giullachd thagraidhean fo Achd na Mara (Alba) 2010. Tron phròiseas co-chomhairleachaidh, faodar riochdachaidhean sgrìobhte a chur gu Ministearan na h-Alba.

Ma ghairmeas Ministearan na h-Alba Rannsachadh Ionadail Poblach ("PLI") thèid lethbhreacan de riochdachaidhean a chur gu Buidheann-stiùiridh Ath-thagraidhean Planaidh is Àrainneachdail airson beachdachadh bhon Neach-aithris rè an rannsachaidh. Thèid na riochdachaidhean sin a chur suas air an làrach-lìn aca ach chan fhoillsichear an dàta pearsanta (me d' ainm agus do sheòladh) oir tha seo ga thoirt às ro-làimh ann an gèilleadh don Achd Dìon Dàta 1998.

Faodaidh tu roghnachadh an riochdachadh agad a chomharrachadh dìomhair, agus san t-suidheachadh sin cha bheachdaich air ach Ministearan na h-Alba a-mhàin agus cha tèid a roinn leis an ùghdarras planaidh, an tagraiche, an Neach-aithris (ma bhios PLI air a ghairm) no treas phàrtaidh sam bith.

Ma tha ceistean no draghan sam bith agad mu dheidhinn mar a thèid do dhàta pearsanta a làimhseachadh, cuir fios gu MS-LOT air post-d aig: ms.marinelicensing@gov.scot no tron phost gu Riaghaltas na h-Alba, MS-LOT, Cùisean Mara na h-Alba, 375 Rathad Bhiocòiria, Obar Dheathain, AB11 9DB.